

# A' togail Alba Ùr: Àite Alba neo-eisimeileach san t-saoghal

BUILDING A NEW  
**SCOTLAND**



## Geàrr-chunntas

Tha Alba na nàisean, le eachdraidh fhada agus a cruinn-eòlas sònraichte fhèin, a' ruighinn a-mach dhan Chuan a Tuath agus dhan Chuan Siar. Tha na ceanglaichean againn a' sìneadh thairis air a' chrìch gu Sasainn agus an còrr den Rìoghachd Aonaichte, a-mach dhan Artaig agus air feadh an t-saoghail. Le neo-eisimeileachd, bidh Alba na stàite sòbharain ùr air àrd-ùrlar an t-saoghail – an dùthaich as fhaide a tuath air an t-saoghal nach eil san Artaig – le dàimhean làidir le ar nàbaidhean agus na caraidean as dlùithe againn sna h-eileanan seo.

Bidh neo-eisimeileachd a' ciallachadh gun gabh Alba a h-àite sa choimhearsnachd eadar-nàiseanta; còmhla ri 193 ball-stàitean eile sna Dùthchannan Aonaichte, comasach air a dhol a-steach dhan Aonadh Eòrpach, leis na cumhachdan a tha riatanach gus a saoranaich a dhìon agus gus soirbheachadh ann an eaconamaidh na cruinne.

Bhiodh neo-eisimeileachd cuideachd a' ciallachadh gum b' urrainn do dh'Alba co-dhùnadh dè seòrsa stàite a tha i airson a bhith aig ìre na cruinne – stàite a bhios ag obair stèidhichte air a luachan agus a prionnsapalan, a' brosnachadh chòraichean daonna agus leasachadh, agus a' togail chom-pàirteachasan le dùthchannan eile agus buidhnean eadar-nàiseanta gus aghaidh a chur air dùbhlain an t-saoghail. Bhiodh Alba neo-eisimeileach na deagh shaoranach cruinneil, ag obair a dh'ionnsaigh sìth agus tèarainteachd airson math muinntir na h-Alba.

Tha an geàrr-chunntas seo, agus an t-aonamh pàipear deug san t-sreath 'A' Togail Alba ùr', a' cur air adhart molaidhean Riaghaltas na h-Alba airson an àite aig Alba neo-eisimeileach san t-saoghal. Tha an aithisg shlàn a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo, mion-sgrùdadh air an fhianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

## Dìon, sìth agus tèarainteachd ann an Alba neo-eisimeileach

Is e dìon agus tèarainteachd a dhaoine a' chiad dleastanas a th' aig an riaghaltas aig gach dùthaich neo-eisimeileach. Tha am pàipear seo a' mìneachadh nam buannachdan a gheibheadh Alba neo-eisimeileach bho chomas dìon is tèarainteachd ùr-nodha, èifeachdach agus sùbailte.

Bhiodh na feachdan armaichte aice fhèin aig Alba neo-eisimeileach, le cùmhnant ùr-nodha airson luchd-obrach agus taic làidir do sheann shaighdearan. Bhiodh co-dhùnaidhean mu chomas nam feachdan san àm ri teachd air a stiùireadh le Lèirmheas Dìon is Tèarainteachd farsaing, air a stiùireadh le eòlaichean. Dhèanadh seo cinnteach

gum biodh dealbhadh agus comas-lìbhrigidh a' freagairt air an àrainneachd chunnartan agus ri dùbhlain geo-poilitigeach mar a bhiodh iad aig àm na neo-eisimeileachd. Bhiodh seo air a cho-thaobhadh ri prìomhachasan na h-Alba mar dhùthaich neo-eisimeileach – a' gabhail ballrachd ann an NATO, ag aontachadh gabhail ann am Poileasaidh Coitcheann Tèarainteachd is Dìon an AE agus a' togail dàimh dìon is tèarainteachd co-obrachail leis an RA agus prìomh chom-pàirtichean ro-innleachdail eile a bhiodh feumail do chàch a chèile.

Tha Riaghaltas na h-Alba seo a' moladh gun cuireadh Alba neo-eisimeileach tagradh a-steach airson ballrachd ann an NATO agus gun iarradh iad còmhraidhean le ceannardan NATO cho luath 's a ghabhas às dèidh bhòt airson neo-eisimeileachd. Dhèanadh e gealltanais gun rachadh 2% den Làn-thoradh Dachaigheil (GDP) a chosg air dìon, ag aithneachadh dealas maireannach NATO airson tasgadh ann an comasan dìon.

Mar phàirt den AE, bhiodh Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' gabhail làn phàirt ann am Poileasaidh Coitcheann Tèarainteachd is Dìon an AE. Chuireadh Alba ri miseanan a bheir taic do shith agus tèarainteachd chruinneil, agus le bhith a' dèanamh sin, thigeadh i còmhla ris an teaghlach de dhùthchannan a tha a' toirt làn thaic dhan t-siostam eadar-nàiseanta stèidhichte air riaghailtean agus eadar-nàiseantachd.

Is e an treas colbh den phoileasaidh dìon is tèarainteachd aig Alba neo-eisimeileach na dàimhean againn leis na nàbaidhean as fhaisge oirnn san Rìoghachd Aonaichte agus ann an Èirinn. Thogadh Alba neo-eisimeileach air na dàimhean làidir againn le dùthchannan agus riaghaltasan eile air feadh nan eilean seo gus dèanamh cinnteach gum bi sinn uile sàbhailte.

Bhiodh e mar chlach-oisinn de phoileasaidh dìon Riaghaltas na h-Alba seo nach biodh Alba neo-eisimeileach a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan airm thall thairis ach a-mhàin nam biodh iad laghail, air an aontachadh le Ministearan na h-Alba, agus air an ùghdarrachadh le Pàrlamaid na h-Alba. A bharrachd air sin, bu chòir armachd niùclasach a thoirt a-mach à Alba anns an dòigh as sàbhailte agus as luaithe 's a ghabhas às dèidh neo-eisimeileachd. Cha chuireadh fear seach fear de na molaidhean sin bacadh air comas na h-Alba a bhith an sàs ann am fèin-dìon no a bhith na ball de NATO.

## **Alba neo-eisimeileach mar dheagh shaoranach cruinneil**

Taobh a-staigh cuingealachaidhean an rèiteachaidh fèin-riaghlaidh làithreach, tha Alba a' dèanamh nas urrainn dhi airson a bhith na deagh shaoranach cruinneil. Tha Alba a' cluich a pàirt ann a bhith a' dèiligeadh ri bochdainn na cruinne, atharrachadh gnàth-shìde agus bagairtean do chòraichean daonna agus dìonan co-ionannachd.

Le làn chumhachdan neo-eisimeileachd, bheireadh Riaghaltas na h-Alba seo gealltanais seachad gun coileanadh e targaid nan Dùthchannan Aonaichte de 0.7% den Làn-theachd-a-steach a chosg air taic leasachaidh oifigeil (ODA) agus stèidhicheadh iad portfolio ministreil sònraichte airson leasachadh eadar-nàiseanta. Bhiodh e comasach do dh'Alba neo-eisimeileach cuideachd an gealltanais 0.7% a dhaingneachadh san lagh.

Bheireadh seo buidseat cobhair mòr do dh'Alba gus buaidh a thoirt air na dùthchannan as bochda san t-saoghal.

Mar dhùthaich neo-eisimeileach le a guth fhèin, agus le a suidheachan fhèin ann am buidhnean eadar-nàiseanta, dh'fhaodadh Alba cuideachd barrachd a dhèanamh gus dèiligeadh ri èiginnean na gnàth-shìde agus na bith-iomadachd, agus i a' cur gu math ris a' phlanaid agus a sluagh. Dh'fhaodadh Alba a guth a chur ri guthan chàich, a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an Ceann a Deas na Cruinne, gus am beachdan air ceartas gnàth-shìde a bhrosnachadh agus gus tagradh airson ionannachd banachdach cruinneil no airson faochadh fhiachan.

Agus mar dhùthaich neo-eisimeileach, dh'fhaodadh Alba co-rèiteachadh gu dìreach, agus a bhith na pàrtaidh stàite ann an cùmhnantan, cunnraidhean no aontaidhean ris nach do chuir an RA ainm no nach do dhaingnich an RA. Nam measg tha Cairt Shòisealta Ath-sgrùdaichte na h-Eòrpa, a tha a' toirt seachad raon de chòraichean a thaobh pàigheadh, còraichean agus riochdachadh luchd-obrach, agus uairean obrach, am measg eile. Mar dhùthaich neo-eisimeileach, dh'fhaodadh Alba obrachadh le com-pàirtichean leis an aon seòrsa lèirsinn gus clàr-gnothaich adhartach a thoirt air adhart agus gus aontaidhean fhaighinn ann am fòrman eadar-nàiseanta a rèir ar luachan agus ar leasan.

## Lìonraidhean dhan àm ri teachd

Bhiodh neo-eisimeileachd a' ciallachadh a bhith a' togail air na lìonraidhean a tha ann air feadh an t-saoghail mar-thà, a bharrachd air a bhith a' togail feadhainn ùra.



Bheireadh neo-eisimeileachd comas do dh'Alba airson a' chiad uair lìonra dioplòmasach sònraichte a bhith aice a bhiodh a' brosnachadh agus a' dìon leas na h-Alba. A bharrachd air a bhith a' toirt na taic consalaich a tha a dhìth do na saoranaich againn, bhrosnaicheadh na lìonraidhean sin Alba mar prìomh àite airson ùr-ghnàthachadh, malairt agus tasgadh. Às dèidh bhòt airson neo-eisimeileachd, thòisicheadh Riaghaltas na h-Alba seo air comas-lìbhrigidh ar lìonra consalach agus dioplòmasach thall thairis a thogail, a bharrachd air na gnìomhan a tha riatanach airson dìon agus tèarainteachd eadar-nàiseanta, agus aig an aon àm a' leasachadh ar comas gus taic a chumail ri malairt is tasgadh na h-Alba. Dh'fhaodadh Alba neo-eisimeileach togail air a neartan gus lorg-coise eadar-nàiseanta a dhealbhadh a rèir prìomhachasan na h-Alba san 21mh linn, ag àrdachadh ar guth agus a' dèanamh cinnteach gun dèan sinn feum às na cumhachdan agus na dleastanasan ùra a bheireadh neo-eisimeileachd dhuinn, an dà chuid aig baile agus gu h-eadar-nàiseanta.

## Co-dhùnadh

Bheireadh neo-eisimeileachd comas do dh'Alba na dàimhean a th' aice mar-thà sna h-eileanan seo agus air feadh an t-saoghail ùrachadh agus a neartachadh agus co-obrachadh a thogail le com-pàirtichean ùra gus tèarainteachd agus beairteas muinntir na h-Alba a dhìon agus a chur air adhart.

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom dhuinn a bhith a' cur barrachd ri cùisean leithid leasachadh eadar-nàiseanta, atharrachadh gnàth-shìde agus an àrainneachd.

Bidh Alba a' cur ri cùisean aig ìre an t-saoghail, far an urrainn dhuinn. Le cumhachdan na neo-eisimeileachd, b' urrainn dhuinn togail air ar neartan agus ar n-àite a ghabhail mar stàite co-ionann ri stàitean eile sa choimhearsnachd chruinneil.



© Riaghaltas na h-Alba, 2024

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Am Màrt 2024

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,  
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1420414 (03/24)